

Mar a bha feamainn ga cleachdadh

Cha bhiodh **croitearan** an-còmhnaidh a' dèanamh an fheum a b' fheàrr de **innear** a' chruidh. Bhiodh a' mhòr-chuid de chrodh, gu h-àraidh sna h-eileanan, a-muigh ag **ionaltradh** fad na bliadhna agus le sin b' e feamainn **an todhar** a bh' air a chleachdadh airson bàrr. Tha **mathachas** ann am **feamainn** a tha a' freagairt gu sònraichte air **ùir** na h-Alba.

Rinn croitearan todhar de fheamainn le bhith ga fàgail a' grodadh ann am pile de dh'ùir.

Bhiodh seo an uair sin air obrachadh a-steach dha na **feannagan**, a' cleachdadh **cas-chrom**. Seo far am biodh buntàta agus bàrr eile air an cur.

Bha **feamainn** cuideachd a' toirt mathachadh do chrodh a bha ag **ionaltradh** air bràigh a' chladaich.

